

Anne Frank

Rugadh Anneliese Marie Frank ann am Frankfurt am Main sa Ghearmailt air 12ra An t-Ògmhios 1929. B' i an dara nighean a rugadh do dh'Otto agus Edith Frank. 'S e Margot an t-ainm a bh' air an nighinn bu shine aca. 'S e neach-gnìomhachais a bh'ann an Otto Frank. Bha e na shaighdear san arm Ghearmailteach aig àm A' Chogaidh Mhòir. Bha beatha chofhurtail aca sa Ghearmailt.



'S e dùthaich bhochd a bh' anns a' Ghearmailt an dèidh A' Chogaidh Mhòir. Bha àireamh mhòr de dhaoine gun chosnadh. Roghnaich cuid de dhaoine an National Socialist Party no am Pàrtaidh Nadsaidheach a leantainn, pàrtaidh politigeach air an robh Adolf Hitler na cheannard. Bha Hitler agus ceannardan Nadsaidheach eile airson an dùthaich a neartachadh. Bha gràin aca air na h-Iùdhaich agus rinn iad leth-bhreith air feadhainn eile a bha, nam beachdsan, a' cumail na dùthcha air ais.

Ghluais Otto Frank a theaghlach gu sàbhailteachd ann an Amsterdam anns An Òlaind nuair nach robh cùisean a' fàs nas fheàrr sa Ghearmailt. B' fheudar do na nigheanan cànan ùr ionnsachadh agus caraidean ùra a dhèanamh ach bha iad sona nan dachaigh ùir.


Bha cùisean doirbh do Iùdhaich sa Ghearmailt ann an 1938 agus cuideachd anns An Ostair, a bha fo smachd na Gearmailt aig an àm. Chaidh laghan a chur ann an reachdas a chuir stad air Iùdhaich bho gnìomhachas a bhith aca, daoine a phòsadh nach robh nan Iùdhaich agus chan fhaodadh iad siubhal air tramaichean, a dhol dhan taigh-dhealbh no dhan phàirce.

Dh'fhàs cùisean nas miosa buileach do na Iùdhaich as t-fhoghar. Air an 9 latha den t-Samhain, chaidh mìltean de Iùdhaich a chuir an grèim agus chaidh an toirt gu campaichean cogaidh. Chaidh ainneart a dhèanamh an aghaidh Iùdhaich, na bùthan aca, na sionagagan aca agus na dachaighean aca. Chaidh sgrìos a dhèanamh agus 's e an *Kristallnacht* a chaidh a thoirt air an oidhche seo, oidhche na glainne bhriste.

Dh'fhàs e duilich do dhaoine A' Ghearmailt fhàgail gus beatha ùr a thòiseachadh ann am Breatainn no ann an Ameireaga ach fhuair feadhainn air an cuid chloinne a chur gu sàbhailteachd thall thairis. Ghabh Breatainn na ceudan fo sgeama *Kindertransport*. Chan fhaca a' chuid as motha dhen chloinn am pàrantan gu bràth tuilleadh.

Anns an t-Sultain 1939, thòisich a' Ghearmailt a'strì ris a' Phòlainn. Ghabh Breatainn agus an Fhraing taobh ris a' Phòlainn agus leis an sin, thòisich an Dàrna Cogadh. Cha b' fhada gus an do gheill a' Phòlainn agus dùthchannan eile taobh an ear na Roinn Eòrpa agus chaidh an Òlaind, a' Bheilg agus an Fhraing fhoir-ghlacadh cuideachd. Mar sin, cha robh an Òlaind sàbhailte don teaghlach Frank.

Chaidh leabhar-latha a thoirt do dh'Anne Frank air a co-là breith nuair a bha i 13 bliadhna. Chlàr i a smuaintean agus a faireachdainnean anns an leabhar-latha mus deach agus an dèidh dhaibh a dhol am falach. Sgrìobh Anne Frank mu cuingalachadh agus a bhith a' call soarsa ri linn a bhith am falach bho na Gearmailtich.



Goirid an dèidh co-là-breith Anne, fhuair a piuthar litir ag iarraidh oirre a dhol gu campa-obrach fada air falbh air taobh an ear na Roinn Eòrpa. Chaidh litir mar seo chun a h-uile deugaire Iùdhach agus rinn gu leòr mar a chaidh iarraidh orra, a' smaoinichadh gum feumadh iad feart a thoirt air na h-ùghdarrasan. Ge-tà, bha Otta Frank air a bhith a' feitheamh na litir agus nuair a thàinig i, ghluais e a theaghlach gu taobh thall a' bhaile far an deach iad am falach air cùl nan oifisean aige air sràid Prinsengracht.

Bha an t-àite dìomhair seo meadhanach mòr. Bha an teaghlach Frank a' còmhnaidh ann an dà rùm air a' chiad ùrlar agus cha b' fhada gus an do ghluais teaghlach eile, na Van Pels, a-steach còmhla riutha agus iadsan a' fuireach air an dara ùrlar. Anns an t-Samhain 1942 thàinig an t-ochdamh duine a dh'fhuireach dhan àite dhìomhair, fiaclair air an robh Fritz Pfeffer. B' fheudar dhan a h-uile duine a bhith cho sàmhach 's a ghabhadh tron latha fhad 's a bha daoine ag obair sna h-oifisean.

Bhiodh ceathrar air an robh Otto Frank fìor eòlach, agus a bha ag obair còmhla ris, a' toirt thuca gach nì a bha a dhìth orra; biadh, aodach, leabhraichean agus irisean don chloinn. Bha na caraidean sin a' cur am beatha fhèin ann an cunnart le bhith a' cuideachadh nan teaghlach a bha am falach.

Air 4mh An Lùnastal 1944, chaidh na sgeilpichean leabhraichean a chur gu aon taobh agus ruith oifigearan poilis Gearmailteach a-steach dhan àite dhìomhair far an robh an teaghlach Frank am falach. Chaidh gach duine a bha an sin a chur an grèim. Chaidh an teaghlach Frank a thoirt gu prìosan ann an Amsterdam mus deach an cur air bòrd trèana gu ruige campa-cogaidh Auschwitz sa Phòlainn. Thug iad trì latha agus trì oidhche air an t-slighe, air an dinneadh còmhla ri ceudan de Iùdhaich eile, gun biadh no bùrn air a thabhann dhaibh. Chaochail cuid de dhaoine air an t-slighe dhoirbh, uabhasaich seo mus do ràinig iad a' Phòlainn.

Ràinig an teaghlach Frank Auschwitz air an 8mh An t-Sultain 1944. Seo far an deach na milleanan de dhaoine a mharbhadh ann an àmhainnean gas, far an deach brùidealachd a dhèanamh orra agus far an deach galaran a sgapadh agus an glacadh agus far an do chaochail feadhainn leis na galaran sinn no leis a' ghort. Chaidh Anne a sgaradh bho a h-athair cho luath 's a ràinig iad Auschwitz agus chaidh a sgaradh

bho a màthair an uair a chaidh i fhèin agus a piuthar a ghluasad gu campa-cogaidh Bergen Belsen sa Ghearmailt.

Chaochail Edith Frank ann an Auschwitz anns an Fhaoilleach 1945. Chaochail Margot ann an campa-cogaidh Bergen Belsen anns a' Mhàrt 1945 lathaichean mus do chaochail Anne fhèin.

Cha b'fhada an dèidh sin gus an tàining an cogadh gu crìoch, ach bha gach duine a bha air a bhith am falach air cùl nan oifisean air sràid Phrinsengracht air bàsachadh ach Otto Frank a thill dhan Òlaind an dèidh a' chogaidh.

Chaochail còrr air 6 millean Iùdhach ri linn a' Holocaust, ach dh'fhuiling agus chaochail gu leòr eile aig làmhnan na Nadsaidhean seach nach tug iad spèis dhaibh ri linn leth-bhreith air choireigin.

Roghnaich Otto leabhar-latha Anne Frank fhoillseachadh gus aire dhaoine a thoirt gu na dh'fhuiling na h-igheanan aige ri linn grain agus ana-ceartas.

